e-Cèilidh nan Òg

# Air An Tràigh

'S b' fheàrr gun robh mi 'r ais a rithis
Coiseachd casrùisgte air an tràigh
Le mo dhà làimh 'na mo phòcaid
'S ri mo thaobh, Anna mo ghràidh

Bha sinn òg is bha sinn spòrsal
Cluich le sòlas is le gàir
Air a' mhonadh 's air an lochan
'S measg an arbhair anns a' bhàthaich

'S nuair a thig e gu àm feasgair
’G iarraidh crodh shuas air a' bheinn
'S dèanamh dhachaidh air ar socair
Togail òrain 's togail rainn.

Bhiodh sinn sgìth nuair nochdadh oidhche
’G òl bainne fuar taobh teine blàth
'S bhiodh sinn gràineil dol dhan leabaidh
Ach am màireach ’g èirigh tràth

Seirbheis Ciùil Eilean Siar
youth music initiative
DìLEAB : AIR A' CHUAN
SUPPORTING 2020 COASTS & WATERS